

Ro-ràdh**Cnoc Soilleir Manaidsear Ghoireasan agus Obrachail**

Tha sinn a' sireadh neach càirdeil, beòthail a tha math air obair an lùib sgioba a thig nar cuideachd an seo ann an Cnoc Soilleir.

Chuir sinn crìoch air an dàrna ìre den phròiseact chalpa againn agus chaidh an togalach fhosgladh o chionn ghoirid. Tha seo a' gabhail a-steach an talla ùr againn, le goireasan ùr-nodha aig an ìre as àirde airson thaisbeanadh agus clàradh.

Chaidh an togalach againn a thogail a rèir inbhean teann Passivhaus gus nach bitheamaid an crochadh cho tric air teasachadh agus fuarachadh, airson ar caitheamh carboin a lùghdachadh agus ar n-amasan a thaobh cothromachadh carboin a choileanadh.

Le bhith a' gluasad air adhart dhan ìre ùir seo, agus airson ar lèirsinn gu lèir a thoirt gu buil agus Cnoc Soilleir gu lèir a chur a' dol, tha sinn a' sireadh neach a bhios comasach air obrachadh gu math thar nan trì buidhnean a tha stèidhichte san togalach agus a bhios cudromach a thaobh soirbheachas an ionaid.

'S e prìomh dhreuchd a tha seo a tha deatamach gus am bi an togalach ag obair gu h-èifeachdach agus gu soirbheachail.

Mar deidhinn

Tha Cnoc Soilleir Ltd (CS Ltd) na iomairt co-obrachail eadar Ceòlas Uibhist (CU) agus UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall (NWH). Stèidhichte ann an Dalabrog, agus ann an cridhe coimhearsnachd Ghàidhlig Uibhist a Deas, bidh CS Ltd a' stiùireadh togalach Cnoc Soilleir gus taic a cumail ris an iomairt cho-obrachail agus gus cothroman a chruthachadh do bhuidhnean eile tachartasan agus cur-seachadan a chur air dòigh a tha a' cumail ri amasan a' ghnìomhachais san fharsaingeachd.

Ar lèirsinn:

- Togalach a tha fosgailte 's far am faighear fàilte ann an cridhe na coimhearsnachd
- Àite anns am bi a' Ghàidhlig air thoiseach, a' taisbeanadh na Gàidhlig mar chànan a tha beò agus a' brosnachadh agus a' cumail taic riuthasan a tha airson a cleachdadh nas trice.
- A' brosnachadh agus a' comharrachadh dualchas cultarach agus cànan na Gàidhlig agus com-pàirteachadh gnìomhach anna.
- Coimhearsnachd a ghabhas pàirt, le Cnoc Soilleir fhèin, a' cur ris a' choimhearsnachd agus dhan eaconamaidh ann an dòighean togarrach.
- A' leudachadh cothroman ionnsachaidh le bhith a' libhrigeadh colaiste sa choimhearsnachd.
- A' cur nam bunaitan riathanach an sàs airson gnìomhachd gach buidhne a leasachadh agus a leudachadh, an dà chuid leotha fhèin agus ann an co-obrachadh le càch.

Geàrr-iomradh

Bidh thu a' cumail sùil air obair làitheil an togalach, na goireasan agus an uidheam againn, a' gabhail a-steach ionmhas, clàraidhean, gèilleadh ri riaghailtean agus co-òrdanachadh sheirbheisean aghaidh.

- Os cionn fàilteachais agus a' cur an gnìomh feallsanachd iomairt **Gach Latha** aig Bòrd na Gàidhlig.
- A' dearbhadh gu bheil an togalach agus na goireasan ann an deagh staid agus iomchaidh airson a h-uile tachartas.
- A' co-obrachadh le com-pàirteachas na h-iomairt co-obrachail, a' choimhearsnachd ionadail agus buidhnean eile le ùidh airson ar miann agus lèirsinn a choileanadh.
- Dleastanasan gach buidseat agus stiùireadh ionmhais airson buidseat làitheil an togalach.

Tha an dreuchd seo maoinichte le Bòrd na Gàidhlig mar phàirt den mhaoineachadh

Transition Year aig Cnoc Soilleir.

Dreuchd is Dleastanasan**Cnoc Soilleir Manaidsear Ghoireasan agus Obrachail****Prìomh Dhleastanasan:****Co-obrachadh mar sgioba**

- A bhith mar phrìomh bhall den Cho-sgioba Obrachaidh (JOT). Tha ar com-pàirtichean san iomairt cho-obrachaidh, Ceòlas agus NWH an lùib a' chom-pàirteachais seo. Is e prìomh dhleastanas JOT dèanamh cinnteach gu bheil Cnoc Soilleir air obrachadh agus air a liubhairt gu h-èifeachdach agus a' dèiligeadh ri cùisean no molaidhean sam bith a thèid a thogail a thaobh obrachadh an togalaich.
- Fàilte a chur air luchd-cleachdaidh an togalaich agus luchd-tadhail, a' gabhail a-steach a bhith ag obair aig an ionad-fàilte cho-roinnte.
- A bhith mar a' chiad neach-conaltraidh airson cheistean bhon taobh a-muigh.
- Taic a chumail ri cur an gnìomh an ro-innleachd margaidheachd cho-roinnte (Gàidhlig riatanach), airson dòigh-obrach èifeachdach is cho-obrachail a thaobh margaidheachd a leasachadh.
- Sùil a chumail air agus co-òrdanachadh a dhèanamh air gach clàradh airson an togalaich.
- Dèanamh cinnteach gu bheil feallsanachd iomairt Gàidhlig **Gach Latha** aig Bòrd na Gàidhlig freumhaichte an lùib obair làitheil an togalaich.

Stiùireadh goireasan an togalaich

- Uallach airson slàinte is sàbhailteachd san togalach agus poileasaidhean obrachaidh Cnoc Soilleir Ltd a stiùireadh.
- Seirbheisean glèidhidh fhaighinn air cùmhnant agus an obair sin a stiùireadh.
- Stiùireadh agus ceannardas a thoirt do sgioba obrachaidh Cnoc Soilleir Ltd, a' gabhail a-steach an dorsair, luchd-glanaidh agus luchd-obrach eile.

Clàraidhean agus tachartasan le treas-pàrtaidhean

- Stiùireadh agus sùil a chumail air cothrom, riaghladh agus cleachdadh an togalaich le buidhnean eile taobh a-muigh gnìomhachd UHI NWH agus Ceòlas.

Taic don Bhòrd agus stiùireadh gnothachais

- Buidseat obrachaidh agus bathar-bog cunntasachd Cnoc Soilleir Ltd a stiùireadh.
- Sùil a chumail air fastadh luchd-sgrùdaidh agus luchd-cunntais bhon taobh a-muigh, agus obrachadh còmhla riutha gus na sgrìobhainnean agus na h-aithisgean riatanach a libhrigeadh.
- Conaltradh le luchd-ùidh a stiùireadh a thaobh chùisean obrachaidh, a' gabhail a-steach maoineachadh agus tagraidhean no aithisgean sam bith a thig às.
- Planaichean gnothachais agus obrachaidh Cnoc Soilleir a libhrigeadh gu h-èifeachdach agus gu h-eagarach.
- Taic rùnaireachd a thoirt don Bhòrd.

Sònrachadh Pearsa Cnoc Soilleir Manaidsear Ghoireasan agus Obrachail	
Sònrachadh Pearsa	Riatanach - Sàr sgilean conaltraidh, an dà chuid labhairteach agus sgrìobhte, ann an Gàidhlig is Beurla - Comasach a bhith for-ghnìomhach agus air daoine eile a stiùireadh - Deagh sgilean IT agus comas a bhith a' sgrìobhadh aithisgean, le comas Microsoft 365 a chleachdadh gu làitheil - Comas a bhith faiceallach agus tuigseach a thaobh shuidheachaidhean agus dìomhaireachd - Eòlas air cruthachadh bhuidseatan agus stiùireadh ionmhais Na bhuannachd - Eòlas air obair ann an dreuchd far a bheilear a' dèiligeadh ris a' mhòr-shluagh - Eòlas air stiùireadh chunnartan, gleidheadh thogalaichean agus slàinte is sàbhailteachd - Eòlas air solarachadh sheirbheisean co-roinnte - Eòlas air obair chonaltraidh - Eòlas air innealan agus bathar-bog cunntasachd a chleachdadh
Foghlam is Eòlas	- Foghlam ìre ceum (no co-ionnan ris). - Cead draibhidh slàn agus cothrom air carbad a chleachdadh.

Eagrachadh Cnoc Soilleir Manaidsear Ghoireasan agus Obrachail	
Aithris	Bidh an neach seo ag aithris gu dìreach dha Bhòrd Stiùiridh Cnoc Soilleir Eta.
Àite-obrach	Cnoc Soilleir, Dalabrog, Uibhist a Deas, HS8 5SS.
Tuarastal	£34,500 - £37,000 FTE (£20,700-22,200 at 0.6FTE) a rèir eòlais.
Seòrsa Dreuchd	Pàirt-ùine 22.5 uairean san t-seachdain – 0.6 FTE - Thèid am pàtran-obrach aontachadh leis an neach. - Bidh am post sùbailte a rèir fheumalachdan m.e. 4.5 uair san latha thar 5 latha, no 7.5 uair san latha thar 3 latha no pàtran eile a fhreagras. - Tha feum agus dùil gum bi an neach ag obair eadar 10m agus 2f air na làithean-obrach aca aig Cnoc Soilleir.
Ceann-là tòiseachaidh	Deireadh na Sultain 2026.
Cùmhnant	Tha am post seo maoinichte fad bliadhna. Tha e glè choltach gun lean e nas fhaide. Tha Cnoc Soilleir na fhastaiche co-ionannachd chothroman, a tha dealasach a thaobh iomadachd, co-ionannachd, in-ghabhaltas agus chleachdaidhean obrach cothromach. Is iad na luachan againn: - Earbsa agus Obair ann an Com-pàirteachas - Fosgailte agus Fàilteachail - Àrd-amasach agus Ùr-ghnàthach - Follaiseachd agus Riaghladh Làidir